




6.2

H.M.76.

July 1. 58





AN COMHRADH

EADAR

AINDREA MUILLEIR AGUS IAIN
GREASAICH,

MU

AONADH NAN EAGLAISEAN.

LEIS

AN DUIN' UASAL URRAMACH,
TEARLACH MAITLAND CHRISTIE,

TRIATH OIGHREACHD DURIE, AM FIOFA.

DUN-EIDIN:

CLO-BHUAILTE LE SANSON AGUS A CHUIDEACHD.

1871.



LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

AN CEUD COMHRADH.

Aindrea. Maduinn mhaith dhuit, Iain, fhir mo chridhe; dean suidhe, 's gu'm faigh sinn do naidheachd. Tha mi féin an iomagain mu chliù ar n-Eaglais ann an gnothuch an Aonaidh so. An innis thu dhuinn cìod e a tha thu air cluinntinn uime.

Iain. Ma ta, is e a tha mise a' cluinntinn, gu'm bheil buidheann do luchd-dreuchd ar 'n-Eaglais féin, mar gu'm biodh iad air bhoile as déigh an Aonaidh ud; agus gu'm bheil cuid do 'n Eaglais *Voluntary* nach 'eil idir 'n a aghaidh. Tha an dithis bhuidheann sin, a' sìor chur an comhairle r' a chéile mu 'n gnothuch ud. Dh' aontaich a' bhuidheann againne, agus dh' aontaich a' bhuidheann eile, gu'm b' e an gnothuch bu chruaidhe dhoibh a chur air dhòigh eatorra féin, 's a dheanamh réidh, beachdan Eaglais nam *Voluntaries*. Bha an Eaglais Shaor, o thòisich i, agus a h-Eaglais mhàthaireil féin, 's i sin Eaglais Stéidhichte na h-Alba, air coimhead agus air greimeachadh, rianh o aimsir an Athleasachaidh o'n Phàpanachd ann an Albainn, agus tha sin tuilleadh 's trì cheud bliadhna o 'n àm so,—e bhi mar fhiachaibh air an Uachdaran aimsireil, e bhi ag aideachadh Eaglais Chrìosd, agus e bhi ag ulluchadh cuideachaidh aimsireil as a leth, a chum 's gu'm biodh meadhona nan gràs air am frithealadh do luchd-còmhnuidh na Rìoghachd, agus sin, ann an cuid, air chostus na Rìoghachd. Ach, air an làimh eile, o cheann timchioll aon leth-cheud bliadhna, thòisich an Eaglais Chléir-eachail Aonaichte, no mar theirear riutha gu coitcheinn, 's a' Bheurla,—na *Voluntaries*, a' bheachd a thogail, 's a bhi 'g a cumail suas, agus 'g a craobh-sgaoileadh,—e bhi 'n a ni mi-laghail do 'n Uachdaran aimsireil, ùghdarras 's am bith a thoirt do *Chreud* 's am bith, no do Leabhar-Aidmheil a' Chreidimh: agus gu'm bu gnothuch peacach, no mi-chothromach, do 'n Uachdaran aimsireil, no do 'n Riaghladh aimsireil, aon sgillinn airgid, do mhaoin na Rìoghachd, a bhuileachadh air aobhar Chrìosd, no air crìch 's am bith a bhuineadh do 'n diadhachd; agus gu'm bu pheacadh do 'n Eaglais gu 'n gabhadh i ris

a' chuideachadh sin, as leth na crìche sin, air dhòigh 's am bith. Cha ghéilleadh buidheann nam *Voluntaries* aon cheum, no aon òirleach, 'n am beachd féin mu 'n chùis chudthromaich so; ach, ars iadsan, Eisdidh sinn ri tairge 's am bith a chuireas sibh mu 'r coinneamh. An gabh sibh, ma ta, ri so, arsa buidheann na h-Eaglais Saoire ris na *Voluntaries*;—sinn a ràdh, mar thubhairt sinn, gur *dleasdanas* sud d' an Uachdaran aimsireil, gu 'm biodh e 'n a ni *iomchuidh* no cubhaidh dha, an cuideachadh ud a thoirt do 'n Eaglais. Ach cha ghabhadh buidheann nam *Voluntaries* ris a' bheachd sin, air chor 's am bith. Mu dheireadh, is e a dh'aontaich buidheann na h-Eaglais Saoire, gu 'n tionndaidheadh iad am focal “*dleasdanas*,” no sud a bhi *mar fhiachaibh* air an Uachdaran aimsireil, mar dhleasdanas, gu dà fhocal àraidh, *Ccist fhosgailte!* Agus ciod e a tha sin a' ciallachadh, ach e bhi an t-aon ni, an aidicheadh no nach aidicheadh iad sud a bhi 'n a *dhleasdanas* do 'n Uachdaran aimsireil, no nach robh e idir mar fhiachaibh air. B' i an fhianuis a thog, 's a creid, Eaglais na h-Alba, o a tùs, mar Eaglais shoisgeulach, gu 'm b' i sud an fhìrinn, a réir Fhocal an Dé bheò. Nochd Eaglais nam *Voluntaries*, iad féin a nis a bhi riarichte, le sud a bhi gu léir 'n a *Ccist fhosgailte*; gu 'm bheil iad a' faotainn a nis na dh' iarr iad.

Aindr. Is doilich leam sin a chluinntinn. Am bheil thu air ni 's am bith eile a chluinntinn o chionn ghoirid?

Iain. Ma ta, tha. Is e their cuid, gu 'm bheil an gnothuch gu léir air shocrachadh! Bithidh an dithis bhuidheann ud, a' dol air aghaidh car ùine, 's a' socrachadh so is sud eile, do nithibh beaga. Ach is gnothuch air a shocrachadh, gu 'n cuirear an Eaglais Shaor as an t-sealladh, agus nach bi i ann ni 's mò. Aonaichear i ris an Eaglais ris an abrar “*Na Voluntaries.*” Ach cha shloinnear an Eaglais Aointe nuadh, mar an Eaglais *U. P.* Tha cuid do 'n Eaglais Stéidhichte a' cumail a mach, gur h-e a theirear rithe, “*An Eaglais O. Q.*”—is e sin r' a ràdh, “*Eaglais na cciste fosgailte.*”

Aindr. An ann do rìreadh!!! Cha 'n fhaigh iad mise gu bhi air m' aonadh rithe. Ach, am bheil sud fìor?

Iain. Tha cuid eile, a their, gu 'm bheil mòran mhinisteirean agus eildeirean, agus mìltean do shluagh, nach aonar am feasd ris an Eaglais *O. Q.* ud.

Aindr. Ach, an comasach dhuit innseadh dhomb, ciod a tha iad air deanamh ris an Uachdaran aimsireil?

Iain. Tha e air aithris, gu 'm bheil an dithis bhuidheann—na h-Eaglais Saoire agus nam *Voluntaries*—air leithid do *bhùireach* a dheanamh ceithir thiomchioll air an Uachdaran aimsireil bhochd, gur h-ann a tha iad air neul a chur 'n a cheann; agus gur beag nach 'eil e air a thachdadh leis an smùireich a tha iad air togail!

Aindr. An abair thu e! Agus ciod a tha iad deanamh ris a' "*Voluntarachd*?"

Iain. 'S cinnteach nach b' olc leat féin, gu'n cumadh an sluagh suas an luchd-teagaisg féin?

Aindr. Gu'm bu fad uam e! Is ann bu mhaith leam, le m' uile chridhe, gu'm biodh ministerean na h-Eaglais Aonaichte Cléireachail (na *Voluntaries*) agus na h-Eaglais Saoire, mòran ni b' fhèarr air an cumail suas na tha iad. Ach, mu dhéighinn na *Voluntarachd* sin, tha seadh annasach aig an fhocal nuadh sin, colg-direach an aghaidh deadh-thoil: is focal neònach e.

Iain. Creideam gur ceart thu 'n a d' bheachd. Cha b' e an teagasg sin a tharruing a mach o'n Eaglais Stéidhichte na daoine sin air thùs, no mu dheireadh, a chuir cùl rithe. Feumaidh gu'n do thog iad am beachd ud, fad an déigh an Dealachaidh ud. A dh'innseadh na firinn dhuit, Aindrea, bu leth ghnè *Voluntary* mi féin, do bhrìgh 's gu'n robh agam còmhnaidh a thoirt ann ar n-Eaglais-ne a thogail, agus ri ar ministèir a chumail suas.

Aindr. Cha'n iongantach sin leam; ach ma cheasnaichear leat féin thu, tha mi a' smuaineachadh gu'm mothaichear leat, gu'm bheil cuid do na coraibh nuadha, 's am bheil sinn'g ar faighinn féin air ar cuartachadh 's a bheatha so, maille ri uabhar nàdurra, agus gràdh an airgid, o nach eil mac an duine saor,—gu'n robh tuilleadh aca sin r' a dheanamh ri do chuid-sa *Voluntarachd*, na bha aig Focal an Tighearna.

Iain. Ma ta, cha'n abair mi nach 'eil thu ceart 's a' cheum sin cuideachd! Ach 's cinnteach nach smuainich thu, gu'm bheil gach aon còmhnaidh, agus cumail suas, a tha an Riaghladh aimsireil a' deanamh do'n bhuidhinn so, 's do'n bhuidhinn ud eile, ceart agus cothromach?

Aindr. Is fada uaith sin e! Tha mi a' saòilsinn,—gu'm bheil an cuideachadh, 's an còmhnaidh, 's an cumail suas a tha an Riaghladh aimsireil a' toirt do Eaglais na Ròimh, air chostus na Rìoghachd, 'n a pheacadh do'n Rìoghachd gu léir. Tha sinn a' toirt thairis a bhì 'n ar Rìoghachd *Phrotastanaich*, 'n uair tha sinn a' cumail suas, 's ag altrum, 's a' beathachadh, an dearbh ni sin, an aghaidh am bheil sinn a' togail suas fianuis fholluiseach mar Rìoghachd, mar ni, 's mar as-innleachd a tha gu h-iomlan an aghaidh Fhocail an Dé bheò. Tha sinn, 's an là an diugh, pàidheadh mu Thri cheud mìle Punn Sasunnach, air chaochladh dhòighibh 's a' bhliadhna, a chum na Pàpanachd a chumail air a bonnaibh. Agus tha mi ann an tomhas do dhóchas, le Pàrlamaid ùr a bhì againn, gu'n toir guth agus fianuis shòluimte cheannardan teaghlaich ar Rìoghachd, air ar Luchd-riaghlaidh, gu'n teasairg iad sinn o na cisibh troma sin, agus o'n pheacadh Rìoghachdail sin.

Iain. Am bheil thu féin 'g a mheas cothromach, sinn bhí a' toirt beathachaidh, a nis, do Eaglais Stéidhichte na h-Alba?

Aindr. Cho luath 's a lùb Eaglais na h-Alba a glùn do ùghdarras Chùirtean-lagha aimsireil ar Tìre, a thaobh an dleasdanas shòluimte agus spioradail sin, a bhí a' leagail an làmh, mar ministearibh na h-Eaglais Stéidhichte, gu bhí a' suidheachadh dhaoine mar mhinistearibh air coimhthionalaibh ar'n-Eaglais,—thug i suas do Chésar, an ni sin a bhuineadh do Dhia a mhàin; agus an sin, sguir i a bhí, 's an t-seadh spioradail, na h-Eaglais do Dhia; oir cha b' e sud brìgh, no crìoch, no aobhar a suidheachaidh mar Eaglais na h-Alba; agus mar sin, chaill i còir air na sochairibh aimsireil a bhuilich an Riaghladh aimsireil oirre.

Iain. Agus, cìod, ma ta, do bheachd féin, air cìod e bu chòir do na ministearibh a dheanamh, 'n uair dh'oidhirpich Cùirt an t-Seisin an Dun-éidin a thoirt orra, olc air mhaith leo, ministear àraidh a chur a stigh air sgìreachd agus coimhthional, an aghaidh toil' an t-sluaigh gu h-iomlan, agus gu'n cuireadh an làmh air a cheann, agus a shuidheachadh mar mhinistear na h-Eaglais, gu sòluimte, fo ùghdarras agus an ainm Chrìosd mar Ard-cheann na h-Eaglais sin?

Aindr. Tha mi air bhàrail, gu'm bu chòir dhoibh, (ni a rinn iomadh dhiubh,) a chuir an céill, le urram cubhaidh, do na Breitheamhnaibh ud, a rinn an oidhirp ud a thoirt, iad a bhí riarachta leis an ùghdarras a bha aca, ann an cùisibh aimsireil; agus thoirleadh iad a chuid thalmhaidh dha, na'm be sin an toil féin, agus gabhadh e sud, mar a ghabh Esau am brochan ruadh: gabhadh esau sud, am *manse*, 's an *glìb*, 's an stìpein; agus biodh cead a chois aige! Ach mu leagadh an làmh air ceann duine, 'g a chur air leth a chum dreuchd na ministreileachd, is ann do Dhia a mhàin, a bha iad fo ùghdarras 's a' ghnòthuch spioradail sin. Ach bu ghnòthuch an ghnòthuch sin, nach do ghabh Cùirt-lagha aimsireil 's am bith ghnòthuch ris, ann an Albainn, chun an là sin.

Iain. Agus is i mo bhàrail féin, gu'm feudadh tu a chur ri sin, iad a dhol air aghaidh gu an làmh an duine ud a bha 'n a fhear-cuideachaidh 'n am measg cheana, agus ris an do chuir iad cùl,—gu'm biodh sin 'n a thàmailt do-ghìulain, do choimhthional na sgìreachd sin, no do coimhthional 's am bith. Tha mi a' creidsinn, gu'm bheil na mìltean do shluagh na h-Eaglais Stéidhichte aig nach eil fios gus an là an diugh, gur h-e a rinn cuid àraidh do mhinistearibh na h-Eaglais ud,—ni a dhiùlt iad a dheanamh, a tha a nis 'n am ministearian 's an Eaglais Shaoir, agus gu'n do thoirmisg iad, gu'n dèantadh e. Ach, am bheil thu air bhàrail gu'n robh aimsir riamh ann, 'n uair bha e 'n a ni laghail agus cothromach, gu'm biodh an Uachdaranachd, no an Riaghladh aimsireil, a' buileachadh beathachaidh air ministeribh na h-Eaglais Stéidhichte?

Aindr. Tha mi fiosrach agus dearbhta, mu dhà aimsir fa leth, co dhiubh, 's an robh e dleasdhanach, cubhaidh, agus reusonta, do'n Riaghladh aimsireil sin a dheanamh. Roimh aimsir an Ath-leasachaidh o'n Phàpanachd an Albainn; bha an sluagh gu léir air an leagail sìos gu bhì 'n an inbhe, aineolach mar bhrùidibh an achaidh, ach beag, mu gach eòlas a bhuineadh do fhìor shlighe na slàinte, tre 'n chomas ruith 'n am measg a bha aig saobh-chreidimh mealltach na Pàpanachd; agus a chum leas spioradail agus shìorruidh an t-sluaigh, b' e gu soilleir, dleasdhanas an Rìgh agus na Ban-rìgh, agus na Parlamaid, ma 's a th' ann 'n am Protastanaich a bha iad, gu 'n cuirteadh meadhona air chois, chum agus gu'm biodh dòigh cumail suas air ulluchadh do Sgoiltibh, agus do'n Bhiobul, agus do Eaglaisibh Sgìreachd, anns gach Sgìreachd 'n ar Tìr. Agus b' e sin am beachd a bha aig *Iain Knox*. Ach a réir beachd agus teagasg nam *Voluntaries*, is ann a bha sin *Peacach*, no mi-chomthromach.

Iain. Agus cìod i an aimsir eile, ris an robh thu ag amharc?

Aindr. Ma ta, bha 'n am amharc, mu àm, dheich bliadhna thar fhlichead, 's an Rìoghachd so, b' i a' cheist shònruichte a bha air beul-aobh na Pàrlamaid,—Cìod e an tomud airgid a bhuilichear leis an Rìoghachd, as a maoin féin, a chum a thoirt do Shealbhadaireibh nan daoine dubha, ann an Innsibh na h-àird-an-iar, agus na co-chreutairean neo-bhàsmhor, truagha, sin a bhì air an ceannach 's air an reiceadh leo, dìreach mar nithear 'n ar measg-ne air ainmhidhibh ceithir-chasach an fhuinn, agus iad féin agus am mnàì agus an clann, a bhì aca sud air am mi-bhuileachadh, mair thràillibh, fo chruidh bhoinn, 'n an tràillibh, fo shadadh 's fo shiadadh aig àilghios nan sealbhadairean ud. Is gràinealachd do-labhairt sud—is peacadh an-tromaichte, is maslach do-thomhais e d' ar Rìoghachd! A nis, cìod a bhuilichear leinn, 's gu'n cuirear as do'n ghràinealachd uamhasach ud; agus gu'm b' i saorsa iomlan air a gairm do na mìltibh lìonmhor d' ar co-chreutaireibh reusonta ud? Cosgaidh sin dhuinn, ars an Riaghladh aimsireil, Fichead mìle mhìle do Phuinnid Shassunnach. Agus is tomud airgid sin cho mór, 's gur gann is comasach do inntinn neach, eadhon 'n a smuaintibh, a thomhas. Ach air ball, dh' aontaich an Rìoghachd gu h-aon-ghuthach gu'm pàidhteadh e; agus gu'n cuirteadh na co-chreutairean ud saor, o sin a mach. Agus cha chualas riamh leinn gu'n do ghearain na *Voluntaries* air a chis ud; agus 's ann a tha sinn 'g am moladh air son sin. Ach rachadh neach a shireadh o'n Uachdaranachd, no o'n Riaghladh aimsireil cheudna, ochd sgillinn deug a cheannaicheadh Bìobul do neach 's am bith do na daonibh dubha truagha ud, no 'n aon sgillinn ruadh, leis an ceannaicheadh Leabhar-aithghearr nan Ceist, d' a leanabh. Cum ort, theireadh am *Voluntary*, is cùis sin a bhuineas do aobhar na diadhachd! leig mu làr gnothuch

's am bith bhi agad, r' a leithid sin; is ni *peacach* dhuit, eadhon an uiread ud a bhuileachadh air an aobhar sin.

Iain. Chi mi a nis seadh an ni sin, ris an abrar *Voluntaireachd*. Agus 's e mo bheachd oirre, gur h-aon i do na h-ana-Criosdaibh, a bha gu tighinn, an déigh na bha a cheana air tighinn dhiubh ann an linn nan Abstol. Agus an innis thu dhomh, ciod e do bheachd mu dhéighinn nan Sgoiltean sin, agus an fhoghlum, a tha an Riaghladh aimsireil ag oidhirpeachadh a chur suas, 'n ar Tìr?

Aindr. Ma ta, is e mo bheachd féin, gu 'm bac e sluagh na h-Eaglais Saoire o thighinn gu bhi 'n am *Voluntaries*, agus gu 'm bu chòir dha, co dhiubh, a leigeil ris do luchd-teagaisg a bhuineas do àireamh nam *Voluntaries*, nach teagasg Criosduidh air chor 's am bith, an ni sin ris an abair thu *Voluntaireachd*; agus gu 'm bu chòir dha a thoirt air sluagh nam *Voluntaries* iad bhi 'g an aonadh féin ris an Eaglais Shaoir.

Iain. Cia mar sin?

Aindr. Ma ta,—Tha mi cinnteach nach 'eil aon ni 's am bith ni 's mò air am bu chubhaidh' do Luchd-Riaghlaidh Rìoghachd a bhi an geall, no sluagh na Rìoghachd, no an ni so, gu 'm biodh eòlas agus soilleireachd aig cloinn na Rìoghachd gu léir, eadhon o 'n leanabachd a nìos, air na Sgrìobtuiribh naomha. Agus is gnothuch dearbhta leam, aon ni, nach 'eil aon lideadh no litir do aon chaibidil, ann an seadh litireil no spioradail nan Sgrìobtur, o Leabhar *Genesis* gu ruig crìch Leabhar an *Taisbein*, a tha a' toirmeasg do Fhine, no do Rìoghachd, no do cho-fhlaitheachd 's am bith air thalamh, meadhona a chur air chois, a chum na crìche beannaichte so, bhi air a h-ulluchadh, 's air a cumail suas. Ach is e beachd nam *Voluntaries*, e bhi ceart ni 's leòr, gu 'n teagaisteadh do òigridh na Rìoghachd, an *Grammar* beurla, 's mar sin sìos, air chostus na Rìoghachd; ach Leabhair-aithghearr nan Ceist a theagasg dhoibh, gu 'm biodh sin mi-cheart agus peacach. 'N am beachd-san, tha e cothromach agus ceart gu leòr, gu 'n ceadaichteadh do 'n òigridh, iad a bhi a' leughadh, 's a foghlum, uile sgeulachda neo-ghlan 's an *Laidinn* 's a' Ghréige, mu gràdh neo-ghlan agus biasdail dhiathan bréige agus bhan-dhiathan nan Cinneach; ach cha cheadichte dhoibh focal a leughadh mu ghràdh Chrìosd 'n an cànan mhaithaireil, as 's a' Bhìobull. Tha am Bìobull naomh, a réir beachd agus tagraidh nam *Voluntaries*, air uairibh teagaisg sgoilean na h-Uachdaranachd aimsireil, aig uairibh riaghailteach nan sgoilean sin, a' tighinn gu bhi, a réir an oidhirpean-san, 'n a leabhar air 'fhògradh as gach aon sgoil, 's an Rìoghachd.

Iain. Cha 'n 'eil mi idir air bheachd gu 'n dealaich, no gu 'n sgoilt o chéile, sluagh ar n-Eaglais-ne gu toileach. Ach, abramaid, gu 'n tig an dealachadh gu bhi ann, a dh' aindeoin co theireadh e, na 'n robh aon chuid do 'n choimhthional 'g an aonadh féin ris an Eaglais a shloinn-

eadh leat féin mar an Eaglais O. Q., agus gu 'n leanadh a' chuid eile ris an Eaglais Shaoir, co a' bhuidheann do 'n dithis d' am buineadh, an Tigh-àoraidh, agus Tigh-còmhnuidh a' mhinister? Am biodh sin a réir àireimh na buidhne bu lìonmhoire do 'n choimhthionail?

Aindr. Fhuair a' cheist sin bhi air a socrachadh, cheana, ann an Cùirtibh-lagha ar Tìre, air an dòigh so—Rannsaich na Breitheamhna a mach, agus chaidh a chur gu soilleir rompa, ciod iad na *bunbhasa* a dh' aidich an coimhthional air tùs. Agus b' i bhreth a thug na Breitheamhna, gu 'm buineadh na togalaichean ud, do'n bhuidhinn a lean ris na bunbhasaibh sin, gun ghuth 's am bith aig na breitheamhnaibh, ciod a bhuidheann bu lìonmhoire na chéile.

Iain. A réir sin, is iad a' bhuidheann a sheasas ri an ceud bhunbhasaibh, leis an leis na togalacha sin,—gann no lìonmhor d' am bi iad.

AN DARAMH COMHRADH.

Aindr. Ciod e cor-seasaimh ceist an Aonaidh, a nis?

Iain. Tha i mar gu 'm biodh i a' leigeil a h-analach.

Aindr. Nach do chuireadh a' chomhairle mu choinneamh nam buidhnean o chionn ghoirid, gu 'm b' fhèarr dhoibh gnothuch aithghearr a dheanamh dheth: agus ma bha cnuip-starraidh 's am bith 's an rathad orra, ged bhiodh fiodh agus iarrunn làidir dol tarsuinn na slighe mar gheata neartmhor cruaidh;—sud iadsan, 'n an deann, mar charbadaibh-siubhail nan each teine, agus 'n an deannaibh air aghaidh iad! agus sud an geat làidir 'n a smuais! ann am priobadh nan sùl; agus na biodh tuilleadh mu dhéighinn!!

Iain. Seadh, seadh! Ach arsa neach-éigin, nach feudadh tachairt dhoibh gu 'n coinnicheadh dà shreath do na carbadaibh agus do na h-eich-theine ud a chéile, 's iad na 'n deannaibh siubhail; agus 'n uair bhuaileadh iad a chéile, claiginn ri claiginn! Agus nach ann an sin a bhiodh an ruathar bàis, 's an stàirnich, 's an ullfhairt, 's an casgairt, 's am bural, 's an *raoichd!!!* Agus air eagal a leithid sin a dh' uamhasan tachairt, tha cuideachdan nan each iarrunn ro-chùramach, agus cha b' uilear dhoibh sin.

Aindr. Ach, ciod e, a tha a cur stad, air an Aonadh so féin?

Iain. Tha iomadaidh sluaigh a nis a' smuaineachadh gu ro-chùramach, agus tha iad a nis a' faicinn ni no dhà, air nach do dhearc iad gus a nis! Agus na 'm b' e agus gu 'm biodh an t-Aonadh ud air a nasgadh ri Eaglais nam *Voluntaries*, tha daoine glìce, agus nach 'eil gun aithne aca air prìsealachd agus mu chumhachd na diadhachd, a' breithneachadh, gu 'n toireadh an Eaglais Shaor thairis do 'n Fhianuis fhollaiseich agus chràbhaidh a thogadh suas le Eaglais Ath-leasaichte na h-Alba o thùs;

agus a thog i, 's a cheangail i ri crann a h-aideachaidh mar Bhrataich ghuirm a fulangasa, 's a coimh-cheanglaichibh sòluimte, 'n a uair a chathaich i gu fuil, an aghaidh a' pheacadh, a' togail na brataich ud ri crannaibh a h-armailtean, agus a choisinn i a' bhuidh, ann am meadhon a fulangasa, an làithibh gort na geur-leannmhuinn. Agus dh' earbadh coimhid na Fianuis naomh so ri cùram Eaglais ar n-aithrichean diadhaidh, fo fhreasdal an Uile-chumbachdaich, agus a réir Fhocail fhirinneich féin. Agus tha iomadh a nis, a' faicinn, agus ag aithneachadh, 's an là 's an islich i an t-aideachadh ud, 's a dh' islicheas i an Fhianuis ud, agus 's am fàg i an Fhianuis uasail agus nèamhaidh ud 'n a luideig thàir air urlar a h-aidmheil; gu 'n caill i a cliù, agus gu 'n claidhear a soirbheas spioradail, agus nach urrainnear gu 'n cinnich leatha, o 'n là 's am fag i an t-aideachadh, 's an Fhianuis ud, 'n a *Ceist Fhosgailte*; agus mar Eaglais Shaor na h-Alba, théid i á sealladh.

Aindr. Duine no boireanach 's am bith leis am breithnichear sin uile, a chuir thu an céill 's an dearbh àm so; ma tha iad fìrinneach 'n an aidmheil, cha 'n fhàg iad an Eaglais Shaor am feasd!

Iain. Na 'm bu cheist i so, a bhuineadh dhomh féin mar dhuine fa leth, tha iad ann, tha mi a' creidsinn, eadhon na mìltean, leis am bu roghnaiche calltachd a ghiùlan, na gu 'n rachadh iad chun an lagha. Ach is gnothuch eile a' chùis so. Ma tha connachadh air éirigh mu thimchioll Tigh-aoraidh, no *Manse*, agus gur h-i a' cheist, so:—Am bi e mar fhiachaibh air ministear do 'n Eaglais Shaoir, togail air, agus àirneas a thighe a thrusadh, agus am baile muigh a thoirt air? No am bi mar fhiachaibh air dà thrian, no air aon treasamh cuid do choimhthional do 'n Eaglais Shaoir, an Tigh-aoraidh féin a thoirt seachad do bhuidhinn choigrich eile, agus iadsan a dhol, agus Tigh-aoraidh eile a chur suas dhoibh féin, agus sin air an costus féin, no a bhi falamh? Géilleadh dha sin,—cha bhiodh ann ach a bhi “anabarrach fireanta.”

Aindr. Agus cia mar tha pongan na réite, eadar buidhinn na h-Eaglais Saoire agus buidhinn nam *Voluntaries* a' tighinn air aghaidh?

Iain. Cha 'n 'eil iad idir a' freagradh na crìche, ris an robh an dithis bhuidheann le chéil' ag amharc air an aghaidh: agus is cuimhne leam, o cheann dà bhliadhna, agus mi air cluinntinn seann charaid ag ràdh, —fhad 's a ghreimicheas gach taobh dhiubh ri am bunbhasaibh féin fa leth,—oidhirp 's am bith a bheirear a chum phongan réite a tharruing suas, mar Bhonn Réite eadar an dithis, cha 'n fhaigh iad ach iad féin bhi air an amladh, ann an feallsanachd charach briathran.

Aindr. Bu tuigse choitcheinn sin leis an do labhair thu; agus bha an fhàidheadarach a rinn thu ro-fhìrinneach; 's ann a tha daoine maithe, daoine glìce, agus daoine foghlumte, agus iad a' cur tuainealach 'n an cinn, leth air leth, agus duine an déigh duine dhiubh; agus a'

farraid r' a chéile—ciod e is seadh do'n earrann so : agus ciod e a tha an earrann eile so, a' ciallachadh? Am bheil Eaglais nam *Voluntaries* a' teann-ghreimeachadh ri am bunbhas *Voluntaireich* féin, a chuir iad am follais roimh 'n bhliadhna 1843, mu thuaiream dheich bliadhna fichead roimh 'n àm so?

Iain. Ma ta, tha iad sin! Bha an éighe àrd-fhollaiseach ud leis an tug iad an glaodh àrd ud uatha, a measg chrìochan eile a bha 'n an amharc, a chum, gu 'm faiceadh daoine 'n a 'm b' fhìor, e bhi air a thoirmeasg le Focal Dhé, gu 'n cuireadh Luchd-Riaghlaidh aimsireil 's am bith, air chostus na Rìoghachd, meadhona 's am bith air chois, a chum na diadhachd a mhisneachadh no a bhi'g a craobh-sgaoileadh:—agus gu 'n robh nàdur a' chleamhnais sin, a bhiodh eadar Luchd-riaghlaidh aimsireil agus Eaglais Stéidhichte 's am bith, neo-sgrìobtuireil, agus adhaltranach:—gu 'n robh ceist nam fìor bhunbhas agus ceist an airgid, an aghaidh a chéile, agus gu 'n aithnichteadh sin air na briathraibh aithghearr ud—“Cum do làimh as mo phòca-san.”

Aindr. Am bheil an Eaglais Shaor a' greimeachadh fathast ri bunbhasaibh sgrìobtuireil an Ath-leasachaidh, saor araon o'n *Voluntaireachd*, air an dara làimh, agus o'n *Erastianachd* air an làimh eile?

Iain. Tha. Ach le guth na buidhne a bu lìonmhore 's an Ard-Sheanadh, 's a' bhliadhna 1867, tha bunbhas na *Voluntaireachd* air tighinn gu bhi 'n a ceist fhosgailte, leo-san a thug an guth air an taobh bu lìonmhoire; agus nach robh sin idir 'n a aobhar-bacaidh do'n aonadh eadar an dà Eaglais.

Aindr. An robh *Dr. Chalmers* 'n a *Achan*; agus maighstir-sgoile na sgìreachd gun bhi a' bheag ni b' fhèarr?

Iain. Ciod a tha thu a' ciallachadh le sin?

Aindr. Sin agad, ann an tomhas mòr, a' cheist fhosgailte: agus i a mhàin, ni-éigin ni 's géire ann am briathraibh, na tha i air a cur sìos ann an sgrìobhaidhibh nan dithis bhuidheann ud ag oidhirpeachadh na Réite 's an Aonaidh eadar an dà Eaglais.

Iain. Direach mar sin féin. An robh beòlaid a mhaigstir-sgoile *Phrotestantaich*, agus stipein a' mhinisteir 'n an creich mhallaichte? No, an do thoirmisg Dia ionnsachadh sgrìobtuireil, air chostus na Rìoghachd? Sin agad a' cheist fhosgailte. Am bheil an Sagart Pàp-anach foghainteach, a Dhia féin a chruthachadh, agus an sin, gu 'n itheadh se a Dhia féin? Gabhamaid sin, mar ar ceist fhosgailte, a chum 's gu 'n dean sinn an t-Aonadh ni 's farsuinge.

Aindr. Bhiodh e 'n a ni-éigin buannachd dhuinn na 'm biodh càird-ean na h-Eaglais Saoire 'n an rabhadh, nach guth an Ard-Sheanaidh air chor 's am bith breth na h-Eaglais. Feudaidh na ceudan a bhi 's an Eaglais, a bhuilicheadh ceudan do'n airgid, a thiomnadh na mìltean do'n airgid air aobhar na h-Eaglais Saoire na 'n coimhheadh i



bunbhasan an Ath-leasachaidh ; nach toireadh an aon sgillinn ruadh do Eaglais dhà-ghnèitheach.

Iain. Tha a' cheist fhosgailte sin ag amharc 'n am shealladh-san, mar thigh leitheach-slighe, eadar a' mhaith 's an uilc.

Aindr. Cha ni fuar no teith i.

Iain. Co aca do 'n dithis a 's measa leat, an Eaglais Chléireil Aon-achte le a cuid *Voluntaireachd*, no an Eaglais Stéidhichte le a cuid *Erastianachd*?

Aindr. Tha ar n-Eaglais-ne 'g am meas le chéile a bhi neo-Sgrìob-tuireil. Agus cha 'n fhiosraich lean-sa gu 'm bheil *bòrd-slaodaidh*'s am bith, a réir an toirear breth leinn co a 's meas na chéile dhiubh : no mar their an seann sgeulachd, a thubhairt an Fheannag mu a dà chois,—“ Cha 'n 'eil am maith ann dhiubh.” Thoisich an aon Eaglais dhiubh o 'n olc 's an leth stigh ; agus an Eaglais eile, mar tha i a nis, le olc a chaidh a sparradh oirre o 'n leth muigh, agus ris an d' aontaich i. Co i, d' an dithis, a 's faide air seacharan, is ceist sin mu 'm feumar comhairl' a ghabhail air ar socair.

Iain. Am bheil thu féin murrach air a mhìneachadh dhomh ciod bu bhunnchar do 'n ghuth ghàbhaidh sin, a thugadh leis an àireamh bu lionmhoire 's an Ard-Sheanadh 's a' bhliadhna 1867 ?

Aindr. 'N am beachd-san, mheas iad gu 'm b' e an t-Aonadh an dleasdanas sònruichte os ceann gach dleasdanas eile.

Iain. Is e sin a' bhreth a 's seirceile. Ach ma 's e gu 'm b' e an t-Aonadh an dleasdanas a b' àirde,—an *Dealachadh* a thàinig 's a' bhliadhna 1843, feumaidh gu 'n do nochdadh sin dhoibh 'n an sealladh féin a nis, a mhàin 'n a *mhairtircachd* gun aobhar, gun bhuidhe ; ach gu 'm bu pheacadh luchd-tréigsinn Eaglais e. Agus is e bu dleasdanas àraidh dhoibh, pilleadh chum na h-Eaglais Stéidhichte, agus an ath-chuing a chur a stigh gu 'm bu toigh leo sud, gabhail riutha, agus iad fo aithreachas iad a thighinn a mach. Is e sin bu cho-chòrdaichte r' an cor, na iad a dhol agus bhi ag iarraidh aonaidh ri buidhinn a' bha cho coireach 's a bha iad féin, mar luchd-treigsinn Eaglais.

Aindr. Is e sin gnìomh bu cho-sheasmhaiche dhoibh gun teagamh ; agus a nochdadh tuilleadh dilseachd a bhi annta d' an dleasdanas, na iad a dhol do dheanamh mar rinn iad. Ach am bheil thu féin cinnteach, nach d' rinn na *Voluntaries* ni-éigin molaidh no miodail air an Eaglais Stéidhichte, mar ath-philleadh air a' chliù a fhuairead iad féin o 'n àireamh mhòr an Ard-Sheanadh na h-Eaglais Saoire ? Cha robh guth, no roinn, no gluasad, no tagradh air taobh seach a chéile, mar chuideachadh, do bhuidhinn na Eaglais Saoire, ann an gabhail ri bunbhas teagaisg, Eaglais Stéidhichte, bhi air a moladh no bhi air a ghabhail leotha mar bhunbhas a bha r' a mholadh, mar *cheist fhosgailte*?

Iain. Ud, ud, cha robh ! Am beagan a chaidh a ràdh, is ann air

taobh na *Voluntaireachd* a bha e. Thachair dhomh, cluinntinn an là roimhe a' chùis, mar eadar an dà Eaglais, bhi air a tarruing, mar dhealbh, a measg cuideachd' a bha a' gabhail an dinneir. Bha duine neònach a làthair, a thuhbairt, e féin a bhi an geall air dealbh neònach a chur a dh' ionnsuidh *Punch*, mu 'n àbhachd a bh' ann. Air an dealbh, a bha a' mìneachadh Ard-Sheanaidh na h-Eaglais Saoire, 's a' bhliadhna 1867, bha lobhta ghrinn air an robh Seanadh nam *Voluntaries* 'n an suidhe, an dà lobhta dlùth r' a chéile, le staidhre ghrinn gu dhol suas 's gu thighinn a nuas. Air cùl caithir a' chinn-suidhe, air an dara lobhta, bha *post* tiugh, làidir, agus clàr fiodha aig a mhullach, agus dà litir na h-aibidil, *U. P.*, ann an litrichibh mìora, an sud, aca; agus fo na litrichibh sin, bha sgrìobhta aca, "Cum do làimh as mo phòca-san;" ann an litrichibh meanbha. Air cùl caithir a' chinn-suidhe air an leobhta ghrinn eile, bha crann fada, dìreach, agus bratach ghorm aig a mullach, agus i ag amharc mar gu 'n robh i air seasamh ri iomadh srann gaoithe, a bha gu maith garbh: agus nach b' fhèairde dhi gach cruas ris an do sheas i. Bha a' chuid mhór do na h-àitibh suidhe falamh: agus bha sreath mhòr do bhuill na coinnimh, air taobh lobhta nan *U. P.* a' gabhail sìos na staidhre: an Luchd-iùil, a bha air cheann na sreatha so, ri taobh lobhta nan *U. P.*, bha iad ag amharc a suas, mar an dòchas gu 'm faiceadh iad sreath eile a' tighinn a sìos o 'n lobhta sin: agus, an àite gu 'm facas sin,—feuch, agus faic, ann an priobadh nan sùl, bha gach aon duine fuaighte r' a 'àite-suidhe féin, agus freangadh toileachais aca air an gnuis, gach fear dhiubh.

Aindr. Tha an Dealbh firinneach gu leòr.

Iain. Agus tha e muldach gu leòr. Is bochd gu 'n cuireadh na daoine maithhe sin iad féin 's an t-suidheachadh sin. Cia mar a tha thu a' saoilinn a thachair sud dhoibh?

Aindr. Tha mi a saoilinn, 'n an eud 's 'nan cabhaig air son an Aonaidh, gu 'n do dhi-chuimhnich iad an t-agartas Sgrìobtuireil sin,—“Air tùs, glan.”

Iain. Ro-cheart. Ma their an t-Uile-chumhdach rinn, eadhon a thaobh na sìthe, “Air tùs, glan; an sin, sìochail;” ni 's mò na sin, tha e 'g a ràdh, a thaobh nan uile nithe eile, “Air tùs, glan.”

AN TREASAMH COMHRADH.

Iain. Ciod i do bharail, a charaid, an diugh, mu ar n-Ard-Sheanadh, air a' bhliadhna so, 1870, mu thimchioll an Aonaidh?

Aindr. Aig coinnimh Sheanaidh nan *U. P.*, a shuidh roimh do 'r n-Ard-Sheanadh-ne suidhe, bha Gairm agus aideachadh follaiseach air a chur a mach leotha—'s an robh a' *Voluntaireachd* a thaobh sgoiltean

Rioghachdail an Riaghlaidh aimsireil gu h-àrd, 's gu follaiseach air a seirm: mar a bha an rùn ceudna aca 'n an uchd, 's 'n an aidmheil, gun sgur, roimh 'n àm sin. Agus bha mi an dòchas gu 'n toireadh sud fosgladh am fradhaire do ar ministearibh òga; agus nach biodh iad air an mealladh ni b' fhaide; agus gu 'n dùisgeadh e ath-chuimhne nan daoine a b' aosda 'n am measg, 'n ar n-Eaglais. 'S cinnteach a nis, gu 'n toir iad thairis an comhstri mu 'n Aonadh: agus is cinnteach, a nis gu 'n ceadaichear d' ar 'n-Eaglais fhianuiseachaidh, a dhol air aghaidh air a slighe ghloin, dhirich, agus Sgriobtuireil, féin mar an Eaglais Shaor, gu sìothchail, agus gu soirbheachail, mar chun an ama so. Agus is ann gu goirt a chràidh e mo chridhe, 's a mheall e mi, 'n uair leugh mi a' bhreth 's a 'chùis sin, a chaidh a mholadh do 'n Ard-Sheanadh, air taobh an àireamh mhòir sin, a thagair, 's a chonnsaich as leth an Aonaidh thruaigh cheudna.

Iain. B' e an t-aobhar sònruichte a dh' aithris iad sud a nis; gu 'n robh iad a' tagradh fathast as leth an Aonaidh, a chum agus gu 'm biodh aca àireamh mòran ni bu lionmhoire 's an Eaglais Aointe, a bha iad a' cur rompa, na bha aca ann an aon 's am bith eile, d' ar Eaglaisibh.

Aindr. Cha 'n aobhar cubhaidh sin do Eaglais 's am bith a 's le Criosd, an uair a tha ceist no teagamh 's am bith mu bhunbhas 's am bith a bhuineas do Fhocal Dhé. Ann an cur nan cath sin a bhuineas do aobhar glòire Dhé, is e ar meas a bhi againn air bunbhasaibh na h-Eaglais ni 's mò gu mòr, no air àireamh luchd-leanmhuinn ar n-Eaglais, ris an tigeadh dhuinn a bhi ag amharc: is e sin an riaghailt 'a thaobh dhleasdanas, agus is e sin an roimh-ràdh dhuinn air a' bhuaidh a bhi air a cosnadh.

Iain. An cuimhne leat na briathran 's am bheil na *Voluntaries* a cur an céill am beachdan féin a thaobh nan sgoiltean agus an fhoghlum?

Aindr. So agad iad—an lethbhreac, mar leanas: “Cha 'n 'eil e an taobh stigh do chumhachd laghail an Riaghlaidh aimsireil, ulluchadh 's am bith a chur air chois a chum foghlum a thoirt do na h-Iochdaran-aibh, a bhuineas do 'n diadhachd.” Is e sin an seann bheachd a chuir na *Voluntaries* an céill, 's a thagair iad: agus a bha 's an aimsir a chaidh seachad air a dhiùltadh, agus air àicheadh, agus a chur 'n a thosd, le ar n-Eaglais-ne.

Iain. Is e gun teagamh còir na h-Uachdaranachd aimsireil cionta a pheanasachadh; ach is fearr na sin, agus is e mar an ceudna dòigh ni 's saoire do 'n nachdaran, an cionta a bhacadh o éirigh 's o mheudachadh. Uime sin, chum 's gu 'n dìonar an òigridh, agus gu 'n cumar air ais iad o bhi ag éirigh suas 'n an luchd-cionta; 's e dleasdanas agus buannachd na h-Uachdaranachd aimsireil, gu 'n ulluicheadh an Riaghladh aimsireil sgoiltean air an cionn, 's an foghlumeadh an òigridh

Deich àitheantan, Lagha Dhé. Agus a chum gu'm biodh òigridh nan Iochdaran, a' tighinn air aghaidh o cheum gu ceum gu bhi 'n am buill fhollaiseach agus bhuanachdail do 'n chomh-fhlaitheachd gu léir, creideasach, modhail, onoireach;—bu dleasdhanach do 'n Riaghladh aimsireil comas a thoirt dhoibh chum soilleireachd chubhaidh a bhuil-eachadh orra, gu 'n leughadh iad agus gu 'n éisdeadh iad gu tuigseach oileanannam fireantachd, mu choinneamh na Sgriobtur, gu léir, a bhiodh buannachdail agus tarbhach. Am bheil e r' a smuaineachadh, gu 'n d'áithn an Tighearn do 'n Uachdaran aimsireil, gach coire, 's gach cionta a pheanaschadh; agus gu 'n toirnisgeadh Èsan do 'n uachdaran cheudna, ulluchadh Sgriobtuireil a dheanamh, (an dòigh 's éifeachdaiche 's am bith,) a chum cionta bhi air a bhacadh, agus air a chumail fodha;—is beachd thoibheumach agus an-dàna, peacach, am beachd sin, leis am bheil tàir air a dheanamh, air a ghliocas-san, agus air a ghràdh siorruidh.

Aindr. Arsa duin' uasal aosda, a bha aon là 's an aon charbad leam, o chionn ùine ghoirid:—rè ainisir a' chonnsachaidh eadar nam *Voluntaries*, ris an Eaglais Stéidhichte;—ars esan, chaidh drùidheadh mòr a' dheanamh air m'inntinn, ri smuaineachadh mu 'n Eaglais Stéidhichte: agus cha chomasach dhomh a nis, gu 'n leumainn a null 's a nall, mar dheanadh "*Jim Crow*." Dh'ainmich mi so do charaid a tha 'n a òganach, agus dh'fharraid e dhìom, Ciod e a bha an sud, connsachadh nam *Voluntaries*? Dh'innis mi dha, gu'm b'oidhirp a bh'ann, le Eaglais a bha 'n am *Voluntaries*, na Sgriobtuirean a mhineachadh, gu a dhearbhadh uatha sin, gu 'n robh iad sud, mar Fhocal Dhé, a' cumail a mach, agus a' teagasg na *Voluntaireachd*; agus gu 'n robh luchd-teagaisg na h-Eaglais Stéidhichte a' cur an aghaidh nam beachdam sin, agus a dearbhadh, nach robh an Sgriobtur a' cur an teagaisg sin idir an céill. Dh'fharraid an t-òganach dhìom, an sin,—Ciod e sin, *Voluntaryism*? Mhinich mi dha, gu'm bu bheachd sin a thogadh le cuid do luchd-Eaglais a dhealaich o 'n Eaglais Stéidhichte; agus na 'm biodh am beachd sin air a ghabhail a stigh agus air 'fhilleadh 's an Reachd a bha aig an àm so air beulaobh na Pàrlamaid, air chionn leas na h-Alba, gu 'n cumadh sin air ais o 'n òigridh 'n ar Tìr, an foghlum a b' àbhaist a thogail ann an sgoiltibh sgìreachd na h-Alba, am Biobull naomh a leughadh.

Iain. Am bheil thu air bharrail gur comasach Eachdraidh, agus àrd-fhoghlum eile a theagasg, gun dhiadhachd bhi air a teagasg mar an ceudna?

Aindr. Cha chomasach. An do chruthaich a' ghrian, a' ghealach, agus na reultan, iad féin? Am bheil Dia ann? Am bheil an duine 'n a chreutair a tha freagarrach, no fo lagh do Dhia? Am bheil an *Satan* ann? Ciod e an t-eadar-dhealachadh a tha eadar an Dia bréige sin, *Jupiter*, agus Crìosd? Feudaidd iomadh smuain mar sin, agus

iomadh ceist éirigh ann an inntinnibh cloinne, agus òigridh. A nis, cha ghabh e dhomh smuaineachadh, gu 'n gabhadh duine onoireach, no fiosrach, os làimh, agus e 'n a chriosduidh, dreuchd a' mhaighstir-sgoile, no gu 'n gabhadh e a thuarasdal bliadhnaìl mar mhaighstir-sgoile, ann an aon do na sgoiltibh Rìoghachdail ud, air a' chumha *Voluntaircach* ud,—teagasg a' Bhìobuill a chùlachadh, no am Bìobul a thilg-eadh as a làimh, agus gun làimh a thoirt air a theagasg.

Iain. Agus ciod mu dhéighinn na Breth a thug a' chuid bu lionmhoire ann an Ard-Sheanadh na h-Eaglais Saoire ?

Aindr. Tha aon phong shònruichte a tha a nis air a cur air beul-aobh Chléirean na h-Eaglais Saoire, a chum am beachd féin a thoirt air a' phuing sin : agus is i a' phong, no a' cheist, i so,—Am bheil, no nach 'eil, cnap-starraidh 's am bith, no bunbhas 's am bith eadar an Eaglais Shaoir, agus an Eaglais Chléireil Aonaichte,—cha 'n ann air bunait Leabhar-aidmheil a' Chreidimh ; ach air a' bhunait, no air a' bhonn so,—“A réir mar tha iad sin air an gabhail riutha, leis na h-Eaglaisibh sin fa leth,”—gu 'm biodh iad air an aonadh r' a cheile, 'n an aon Eaglais? Tha na briathra mu dheireadh gu pongail, 's gu soilleir, a' gabhail a stigh na ceiste fosgailte a dh' ainmich sinn, do 'n Eaglais Aonaichte ud a tha a' chuid a 's lionmhoire do bhuill an Ard-Sheanaidh ag iarraidh a chur air chois. Tha sin a' fàgail na bunait ud anabarrach farsuing agus fuasgailte, ro-fharsuing, ann an seadh colg-dhìreach an aghaidh bhriathran an t-Salmaidh, 'n uair thubhairt e, 's an t-Salm cxix. 96.

Iain. Tha Cléirean na h-Eaglais Saoire, agus Cléirean Sheanaidh nam *Voluntaries* mar an ceudna, agus a' cheist ud a ghabhail os làimh a freagairt. Ach is gann a ruigeas iad uile air a socrachadh ; gun làn fhiosrachadh a bhi aca, co iad a tha a' cur rompa a dhol a mach, agus co iad a tha a' cur rompa fantuinn ann an Eaglais Shaoir na h-Alba ; no, mar thubhairt *Dr. Cunningham* rithe, “Eaglais na h-Alba, Soar.”





